

Eòghan Denney
California

Tha mi a' smaoinneachadh gum bu chòir larach-lìn "aon stad" bhith ann a bheireadh taic do phàrantan le fiosrachadh air faclair freagarrach, leabhraichean, DVDan (nan robh fear ann), clasaichean is croileagan is a leithid.

Feumaidh liostaichean leabhraichean a bhith ann a tha araidhichte a-reir aois nan leanabh.

Cuideachd, bhitheadh e math fiosrachadh fhaotainn air cuspairean freagarrach ri pàrantan ùr mar slàinte cloinne, badain atharrachadh, msaa - na rudan uile a dh'fheumas a h-uile duine tòrr leabhraichean a chnuasachadh troimh mheadhan na Beurla!

Tha cursaichean air-loidhne ann "do phàrantan", ach tha iad duilich ri lorg, agus chan eil iad math codhiù (no an asgaidh).

Bu choir dhaibh taic a thoirt do phàrantan a tha ag iarraidh an dìcheall a dhèanamh ar cànan a thar-chur!

Tha mi toilichte na beachdan agam fhoillseachadh gu poblach: Tha
Tha mi toilichte m' ainm agus mo sgìre fhoillseachadh gu poblach: Tha